Blair 446.

AN GAIDHEAL OG

NO

SGEUL AINDREAIS LINDSAI.

ANN an Gaeltachd agus an Eileanaibh na h-Alba cha' n 'eil aran na beatha ach ro ghann air a sholar do 'n t-sluagh anns na cèarnaibh iomallach. O nadur na duthcha, agus tainead an luchd-àiteachaidh, tha iomadh teaghlach còrr 'us astar latha o mheadhonaibh nan gràs. Dh 'aindeoin na ni Ministirean, tha earrann mhòr air an cumail air an ais o bhi 'feitheamh gu riaghailteach air searmonachadh an t-soisgeil; agus chaion duil a bhi gu'm bi 'n toradh tròm 'n uair a tha 'n siol air a chur cho gann. Gidheadh, 'n uair a tha cothrom air éisdeachd an t-soisgeil air a dheonachadh, tha e mar is bitheanta air a ghabhail le dian-thogradh, agus tha e bhi cho ro ainmig air a mhealtainn, g' a fhàgail, ann an caochladh dhoighibh, ni 's mò meas, agus tha e air a chur gus a' bhuil as fearr. Ni an sgeul beag a leanas, ann an tomhas, an ni so shoilleireachadh; agus aig an àm cheudna, bheir e dhuinn eisimpleir thaitneach air gràs Dhé, ann am balachan bochd, neach a bu toil leis an Tighearn a dhùsgadh, ann an earrach a' làithean, gu mothachadh fhaotainn air cho cudthromach 's a tha nithe diadhaidh: agus nochdaidh e dhuinn cionnas a ni gràs an dream anns a bheil e 'riaghladh comasach lamh-an-uachdar fhaotainn air gach cruaidh-chàs, agus ana-cothrom, ge b 'e air bith co mor, agus co lionmhor, ann an tòireachd an déigh na neamhnuid luachmhoir ud air am bheil iad a nis comasach mòr phrìs a chur.

Rugadh Aindreas Lindsai ann am baile Chromba, dlùth air Ionairnis, air taobh tuath Alba, o phàrantaibh ro bhochd; agus gus am bu toil le Dia nan uile ghràs 'anam a dhusgadh gu mothachadh air peacadh, agus 'fheum air Criosd, fo shearmonachadh an Urramaich Maighstir Gordon, Ministeir Chromba, bha e anabarrach neo-churamach m' a leabhar a leughadh, agus 'n a cheann-iuil anns gach gnè aingidheachd am measg a chompanaich; ach 'n uair

a dh 'atharraich cumhachd an Spioraid Naoimh a chridhe, dh' fhàs e cho comharraichte air son 'umhlachd do Dhia, agus a dhleasnais d'a mhathair aosda, 's a bha e roimhe sin còrr air son aingidheachd. Bha e mu thiomchioll deireadh na bliadhna 1731, no toiseach na bliadhna 1732. (arsa Maighistir *Davidson* nach maireann, o *Dhenham* an *Essex*, neach a thug an cunntas so m 'a thimchioll, 'n uair a thàinig mi air tùs gu eolas fhaotainn air a' ghiullan bhochd so, air do aon a chomharrachadh a mach dhomh air an t-slighe gu Eaglais a bha anns a' choimhearsnachd anns an robh sàcramaid shòluimte suipeir an Tighearna gu bhi air a fhrithealadh. Bha mi aig an àm sin a' dol thar caoil mara, agus ghabh am balachan aite-suidhe an toiseach a 'bhàta, agus ged nach robh cothrom agam air còmhradh ris, cha b' urra' mi gun a thabhairt fainear le taingealachd, do leanabh bochd, air maduinn fhuair, 's e ceann-ruisgte, cas-ruisgte, 'dol thar mara a dh' éisdeachd an fhocail. Dh' fheoraich mi 'm b 'e sud am balachan m' an cuala mi o chionn beagan mhìosan, agus 'n uair a chaidh innseadh dhomh gu'm b'e 'cheart aon, dh 'amhairc mi air le ro aire, chum 's gu 'n aithnichinn a ris e. 'N uair a chunnaic mi e 'n tigh-aoraidh Dhé, chum an do choisich e, dh 'amhairc e cosmhuil ri neach a bha 'g éisdeachd le mòr churam agus toil-inntinn,—a shùil gu suidhichte air a' mhinisteir, mar gu 'n sluigeadh e gach focal d'a shearmoin. Thug so misneach dhomh guth a dheanamh air m' ath-philleadh do Chromba, agus na ceistean a leanas a chur ris.

C. Ciod an t-aobhar air son an deachaidh tu co fad o'n tigh air an t-seachdain so chaidh, a dh' éisdeachd searmoin, ri sìd co fuar, agus thu gun bhròg gun stocainn ?

F. Tha e air 'aithris gu bheil Criosd ri fhaotainn ann an searmonaibh, agus b' aill leam fios a bhi agam an sgeul fior e.

C. Tha fios agam gu bheil thu 'feitheamh air an Sgoil-fhollaisich 's an àite so : tha fios agam mar an ceudna gu bheil e 'n a chleachdadh aig sgoileirean leisgeil a dhealbh gu bhi air falbh o' n leabhraichibh, agus ma 's ann mar so a tha 'chuis maille rìutsa, tha thu 'deanamh aidmheil creidimh na sgàth chum do dhion, a chionn gu bheil fuath

agad do d' leabhar, ni' tha gu cinnteach 'n a pheacadh mòr dhuit. *Innis* an fhirinn, agus bi cinnteach nach dean thu breug. An robh a' chuis mar tha thu 'g ràdh? (Ghnàthaich mi 'n dòigh ceasnaichidh so cha n' e gu'n robh agam riasan *a bhi* amharusach mu threibhdhireas a' ghiullain, ach a chum staid anama fhòghlum na bu mhionaidiche.)

F. Fhad 's a 's eòl domh mu m' thimchioll féin, 's e so mo staid. Tha mi cinnteach gu bheil mi ann an staid nàduir, ach cha'n'eil mothachadh ceart agam air, agus 's ann chum beo-mhothachadh fhaotainn air truaighe mo staid' a thaobh nàduir a tha mi dol do 'n Eaglais; oir chuala mi am ministeir againn féin ag ràdh, mur faiceadh neach agus mur biodh mothachadh aige mar an ceudna air truaighe a staide thaobh nàduir, nach robh e comasach dha luach a chur air Criosd.

C. Ciod ma tha 'n Tighearn a' gealltainn an geur mhothachadh sin air peacadh 'oibreachadh?

F. B'àill leam fhòghlum ma tha leithid do mhisnich air a tabhairt anns a' Bhiobull. Sheol mi 'n sin e gu Eoin xvi. 7—11, agus mhìnich mi dha na briathran, a tha 'gabhail a steach annta gèarr-fhoirm * na h-oibre gràsmhoir a tha an Spiorad Naomh ag oibreachadh ann an cridheachaibh nan daoine taghta. Ghlac e 'm Biobull as mo làimh agus leugh e na briathran le mòr dhùrachd; gu sònruichte 'n uair a dh'innis mi dha gu'n robh an gràs so uile air a ghiulan air aghaidh ann an geallanaibh saor a bha 'toirt misnich do aon 'n a chor san.

C. Am bheil thu 'cleachdadh ùrnuigh?

F. Cha'n'eil.

C. Am bheil thu 'dol co fad o'n tigh a dh' fheitheamh air searmonaibh aig àmaibh comanachaidh agus gun a bhi 'cleachdadh urnuigh?

F. Tha mi 'lubadh mo ghlùn; ach ged is e so mo ghnàth, cuig uairean, agus aig àmaibh, sè no seachd uairean 's an là, gidheadh cha chan mi urnuigh ris; oir tha mi mach á Criosd, agus air an aobhar sin a dh' easbhuidh spioraid na h-urnuigh.

C. An robh e 'n a chleachdadh agad anns na bliadhnaibh a chaidh seachad a bhi 'feitheamh air searmoinibh, mar anns na làithibh so.

* A Summary.

F. Gu ruig an leth-bhliadhna so mu dheireadh do m' bheatha, b'e mo ghnàth-chleachdadh, searmoin eisdeachd, theagamh aon uair no da uair 's a' bhliadhna; agus 'n uair a dh 'eisd mi, bhithinn co sgìth mun criochnaicheadh an t-searmon 's gur minic a dh-fhag mi 'n Eaglais 's a chaidh mi a chluicheadh.

C. Cionnus a tha e 'tachairt gu bheil thu 'feitheamh air searmoinibh air laithibh seachduin a nis co math 's air là an Tighearna?

F. Cha-n 'eil e comasach dhomh reusan a thoirt seachad, ach amhàin nach robh toil agam aig àm sam bith roimhe so tighinn a dh 'éisdeachd; a nis cha-n 'eil do dhànadas agam fuireach air m' ais.

C. An robh thu aig àm sam bith a' còmhradh ri d' Mhinisteir?

F. Cha robh; ciod a' bharail a bheireadh e, nan gabhadh balachan bochd mar mise a dhanadas dol d 'a ionnsuidh? Cha mhò thiginn d'ar n-ionnsaidh-se mur cuireadh sibh fios orm. Dh' fheoraich mi, gu dearbh, aon uair do A. W. fear eolais dhuibh fein, cionnus a ghlòraichinn Dia, agus dh 'innis e dhomh "gu'm b 'e Dia 'ghlòrachadh, aitheantan a choimhead." An sin, an deigh do Aindreas smaoineachadh ann fein, thubhairt e. "Tha mi'n dùil gu bheil mi comasach freagairt a thoirt do m' cheist féin a nis; oir ged tha na thubhairt esan rium fior, gidheadh "tha mi 'smaointeachadh gu bheil an duine o thuiteam Adhaimh neo-chomasach Dia a ghlòrachadh ach trid creidimh ann an Criosd, agus umhlachd d 'a àitheantaibh, 'n a neartsan." Thug am freagradh so mu dheireadh, cho tuigseach do fhear 'aoise, orm fheoraich dheth, Cionnus a thainig e chum a leithid sud do eolas? Fhreagair e gu modhail "Tha mi 'g éisdeachd searmonachaidh Mhaighstir Gordon;" mar gu 'n abradh e, "Cha'n'eil m' eolas idir a réir nan cothromaan a tha mi 'sealbhachadh." Mar so bha e soilleir, an àite bhi air 'at suas le uabhar, gur ann a bha nàir air a bhi cho aineolach. Air so, chomhairlich mi dha bhi 'g urnuigh an uaigneas a ghnàth, bhi 'feitheamh gun sgur air orduighibh follaiseach an t-soisgeil; bhi umhal d 'a mhàthair, chum mar so nach faigheadh a chreidimh beum; agus aire thabhairt do leughadh, chum gu faiceadh a chomh-sgoileirean gu'm bu taitneach a bha

urnuigh agus ionnsachadh a co-fhreagradh : seadh, gu'm b'e an t-slighe chinnteach gu fior shoirbheachadh, a bhi diadhaidh. An déigh moran chomhairlean a thabhairt da chum na criche so, ghabh mi mo chead.

Air m' ath-philleadh do Chromba an deigh bhi air falbh sia miosan, dh' fheoraich mi do Mhaighistir Gordon a bharail air a' ghiullan bhochd so, agus ged is neach e co faicilleach a thaobh aidmheilean creidimh a mholadh ri neach air an do chuir mi riamh eolas, gidheadh, dh' aidich e ; "Tha 'eolas air nithibh spioradail a' cur ìoghnaidh orm, tha e 'tighinn do m' sheòmar uair 's an t-seachduin, agus ag innseadh dhomh ciod a thubhairt Criosd ris, agus ciod a thubhairt Satan ris, agus cionnus a bha e air a ghnàthachadh do 'n taobh le chéile, cho riochdail 's a chuireadh fear-turuis sios na tighean-osd' aig an dò stad e."

Air dhomh a leithid do theisteas a chluinntinn o neach cho creideasach ri Mr. Gordon, bha mhiann orm an gille fhaicinn an treas uair ; agus an tra chunnaic mi e, thug mi fainear atharrachadh soilleir 'n a ghnuis, agus air dha innseadh dhomh gu'n robh e nis ann an Criosd, thubhairt mi ris. "Ro mhaith, mo ghiullan, is saorsa sin gu deimhin : saorsa a tha moran a' gabhail orra bhi aca, ach beagan a' féin-fhiosrachadh. Gidheadh, ma 's urrainn thu freagradh taitneach a thabhairt do bheagan cheistean a chuireas mi riut, tha mi 'smaoineachadh gu'm feud mi deadh bharail altrum umad : toisichidh mi, air an aobhar sin, far an do sguir mi dhiot, an uair mu dheireadh a choinnich sinn."

C. Thubhairt thu gu'n robh thu cinnteach bhi ann an staid nàduir, ach nach robh am mothachadh ceart agad air ; a nis, ciod an sealladh agus am mothachadh a fhuair thu air do staid nàdurra ?

F. Chunnaic mi, *Air tùs*, gu 'n robh fior aomadh mo chridhe an aghaidh Dhé, agus gu sònruichte, an aghaidh rathad innleachd na slàinte trid Chriosd : *'S an dara h-aite*, Gu'n robh e co neo-chomasach dhomh mi féin a shaoradh o'n staid thruaigh sin, 's a bha e dhomh a ghrian a spionadh as an iarmailt ; *'S an treas aite*, Nach e mhàin gu'n robh mo bheatha 's an aimsir a chaidh seachad n' a h-aon chùrsa peacaidh, ach mar an ceudna, gu'n robh

eadhon m' urnuigh, mo leughadh, m' éisdeachd, maille ri m' uile *dhleasnais* cràbhach, gu tur air an truailleadh le peacadh. Agus, *anns a cheathramh aite*, Dh 'aindeoin nan nithe so gu léir, mhothaich mi ann am cridhe aomadh co laidir gu m' fhìreantachd féin a chur air chois, a 's gu'n robh e *saoithreachail* do'n Tighearn a thilgeadh sios; gidheadh, dh' oidhirpich mi a chur air chois a rìs. Tuilleadh fòs, mhothaich mi mo chrídhe ri striopachas spioradail gach là, aìr mo ghiulan air falbh le diomhanas, agus mar so a ghnàth a' teicheadh air falbh o Dhìa;—agus rinn sealladh air na nithe so drùghadh co domhain orm 's nach robh fois là no oidhch' agam, gus an robh mi air mo shaoradh le Criosd.

C. 'N uair a tha Criosd ag oibreachadh a leithid sin do shaorsa, tha e 'labhairt gu cumhachdach ris a' chridhe; *an* do bhuin e mar so riutsa?

F. Bhuin; Oir bha na scriobtuirean a leanas air an càramh, gu cumhachdach ri m' anam leis an Spiorad naomh: —"Le gràdh siorruidh ghràdhaich mi thu: uime sin le caoimhneas gràdhach tharruing mi thu Jer. xxxi. 3.—Ni mi ribh coimh-cheangal siorruidh, eadhon tròcairean cinnteach Dhaibhidh, Isa. lv. 3.—Thug mi dhuibh oighreachd na muinntir sin air am bheil eagal m'ainme Psal. lxi. 5.—Cha'n fhag agus cha tréig mi 'm feasd thu." Heb. xiii. 5.

C. Cionnus a tha fios agad gu'n do charaich an Tighearna na geallanna so riutsa, agus nach do mheall aon chuid Satan no do chridhe féin thu?

F. Air uairibh tha Satan 'g a bhrath féin, mar au uair a b'àill leis, leis an fhocal fhiaradh, mo tharruing gu peacadh, no mo chlaonadh o dhleasnas; agus anns a' chuid a 's mò, tha mi 'mothachadh gu bheil 'uile oidhirpean gus am focal fhiaradh, an dara cuid, 'g am at suas le uabhar, no 'g am leagadh sios ann am mi-mhisnich: 'n uair, air an làimh eile, a tha an Tighearna 'labhairt, tha mi 'mothachadh fhocail freagarrach. Tha mi air uairibh ann an teanntachd, agus an sin labhraidh e; tha mi 'g a mhothachadh freagarrach do m' fhior staid, agus a' beothachadh na beatha spioradail a tha mi 'faireachdain ann am anam.

C. Ciod a tha thu 'tuigsinn leis a' bheatha spioradail *ann* ad anam?

F. Feumaidh mi aideacheadh an uair mu dheireadh a chunnaic mi sibh, nach robh mo smaointean air beath

spioradail fhaotainn o Chriosd ; 's e na bha mi 'g iarraidh cuibhrionn ann ; agus is eagal leam gur lionmhor a tha 'feitheamh air orduighean follaiseach air nach eil cùram mu'n ni so ; seadh, feumaidh mise aideachadh gur ann mar so a bha 'chuis maille rium fein. Ach 'n uair a thug Criosd mi gu glòir a phearsa fhaicinn, mar a nis air neamh, fhuair mi so 'n a bheatha, agus chunnaic mi glòir Chriosd cho maiseach 's nach eil agam cainnt gu 'chur an céill ; as an ni so amhain tha dearbhta, gu 'n d'amhairc mi air m'uile shonas féin air fhilleadh co mòr ann an Criosd 's gun do mheas mi 'n saoghal mar neo-ni ; agus, ged nach 'eil mi comasach oibreachadh m'anama féin mar ata mi 'g a mhothachadh, a chur an céill, gidheadh, tha mi comasach càileigin dheth fhòghlum o na tobraichibh a tha air an t-slighe o'n tigh gu Cromba : oir mar tha uisge anns na tobraichibh so, ge beag iad, tha dòchas agam gu bheil e mar sin maille ri m'anam. Tha 'n t-uisge ann an cuid do na fuarain so air a chomhdach le feur agus luibheannaich, mar sin tha aig uairibh, sealladh air a' bheatha so, air fholach uamsa le truaillidheachd mo chridhe fein : ach mar tha 'n t-uisge ri fhaicinn, air do neach na luibhean a charachadh le 'lamhaibh, mar sin tha a' bheatha so le foillseachadh ùr :—agus mar tha uisge 'fantuinn anns na tobraichibh so a nis, ann an ceud mhios an fhogharaidh, 'n uair a tha lochain mhòra air tiormachadh suas, mar sin tha dochas agam gu mair beatha Dhé ann am anamsa, do bhrigh gu bheil gràdh Chriosd neochaochlaideach.

C. Ciod nam faigheadh tu bàs a' nochd ?

F. O ! b' fhèarr leam gu 'm faigheadh ! O nach b' e maireach là' bhreitheanais ! 's mise bhiodh cinnteach a bhi gu bràth maille ris an Tighearna.

An déigh so, bha oibreachadh gràis Dhe cho soilleir r'a fhaicinn ann, 's gu 'n d' innis maighstir Gordon dhomh :—Ars' esan, Dh' fhuirich mi fad bliadhna fiach ciamar a rachadh do dh' obair an Tighearna ann an anam a bhalachain, ach an uair a chunnaic mi a threibhdhireas, agus gun robh gràs Dhe gu soilleir aige, cha b' urrainn mi'n comanachadh a dhiultadh dha. Thug mi, uime sin, cead dha, agus shuidh e aig bòrd an Tighearna 'n a chuig-bliadhn'-deug : agus ma shuidh, b' àrd-fhéill d'a anam e.

Beagan uine 'n déigh na coinneimh so (arsa Maighstir Davidson) chunnaic mi rìs e, agus dh' fheoraich mi dheth cionnus a bha obair Dhe 'dol air aghaidh 'n a anam: "Tha dòchas agam, ars esan, gu bheil i dol air a h-aghaidh; oir o cheann ghoirid tha mi air mo theagasg tuilleadh do dhiomhaireachd peacaidh fhaicinn, ann am chridhe féin gu sònruichte. Tha mi 'mothachadh annam aomadh uamhasach gu earbsa dheanamh asam fein, agus gu mo thaic a leagadh air m oibribh cràbhach, agus air a' ghràs a fhuair mi, ni 's mo na air an lànachd a tha ann an Criosd." Dh 'innis e dhomh mar an ceudna a chionn nach robh e air 'fhiosrachadh le trioblaidibh mar a bha na naoimh, gu'n robh Sàtan a' cur am fiachabh air gu 'm bu mhac diolain e 's nach bu mhac dligheach:

"Ach an ceann beagan uine, ars' esan, thug an Tighearna freagradh dhomh do 'n chunghaill so. Air uairibh tha 'n Tighearn a' folach a ghnùis' uam car leth là'; agus tha fios aige gu 'n cuir so tuilleadh trioblaid orm na uile thruaighean na beatha 'ta làthair; tha so a' dearbhadh dhomh gur leanabh le Dia, agus nach mac diolain mi, do bhrigh gu bheil mi 'meas dìth lathaireachd Dhé mar an smachdachadh a 's géire."

Air dha luchd aidmheil creidimh a thabhairt fainear aon la' 'g a chomharachadh a mach do chàch a cheile, thubhairt e, "Nam biodh eolas aca air mo chridhe, bhiodh ioghnadh aca dhiom air caochladh dòigh, eadhon air son mo ghràinealachd uamhasaich." Bha e mu thimchioll toiseach na bliadhna 1749, 'n uair a chunnaic mi mu dheireadh e: choisich e leam tri no ceithir do mhiltean, agus dh 'innis e dhomh, gun robh e ré iomadh mios, fo iomadh buaireadh geur, ach gu-n do shaor an Tighearna gu gràsmhor e chum solus a ghnuis 'fhaicinn, agus gu gàirdeachas a dheanamh 'n a fhìreantachd. Is fior an ràdh e "Gu bheil slighe an fhìrein mar an solus dealrach, a dhealroicheas ni 's mo agus ni 's mo gu ruig an là iomlan." Gnath. iv. 18.

LONDON: THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.
MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.
[*Price* 2*s. per* 100.]